

UHI Research Database pdf download summary

'An Samhradh ud'

Bateman, Meg

Publication date:
2016

[Link to author version on UHI Research Database](#)

Citation for published version (APA):
Bateman, M. (2016). 'An Samhradh ud'. Clàr.

General rights

Copyright and moral rights for the publications made accessible in the UHI Research Database are retained by the authors and/or other copyright owners and it is a condition of accessing publications that users recognise and abide by the legal requirements associated with these rights:

- 1) Users may download and print one copy of any publication from the UHI Research Database for the purpose of private study or research.
- 2) You may not further distribute the material or use it for any profit-making activity or commercial gain
- 3) You may freely distribute the URL identifying the publication in the UHI Research Database

Take down policy

If you believe that this document breaches copyright please contact us at RO@uhi.ac.uk providing details; we will remove access to the work immediately and investigate your claim.

bruidhinn ri Arthur?

'S i, 's i th' ann. Agus mura h-eil mi air mo mhealladh, 's e an nighean a bha còmh' ri fear nan glainneachan anns an taigh againn a th' ann. Nach tuirtd smid. Leis an teip reacòrdair mu mheud bucas mhaid. Gu leòr aice ri ràdh ri Arthur. Dè fo ghrian seòrsa peitean a tha sin air a druim?

Dè nì mi? An tèid mi na coinneamh, no am fuirich mi far a bheil mi? Dè chanas mi rithe?

Luaithrean. Sheas mi ro luath. Crith nam iosgaidean. A' sgriopt gun fheum air ais na mo *handbag*. Na diochuimhnich am бага. An ith mi siùcar? Mo bheul cho tioram. Bheirinn ro fhada ga dheocadh. Math dhomh a dhol mu choinneamh pannail dhaoine uasal le *butterscotch* na mo phluic. Arthur a' smèideadh rium. Tha e cho snog. Eil fhios dè an sloinneadh a th' air?

Bruidhnidh mi ris an nighean na Gàidhlig fhèin. *Madainn mhath. Is mise Mairead Anna NicLeòid...*

Cha bhruidhinn. Fuich agus trì fuichean.

Seo i a' tighinn.

Bha Coinneach Taramod ceart.

DREACH A-MHÀIN 21/08/2016 - AIRSON MEG
deagh dhùrachd, J x

AN SAMHRADH UD

MEG BATEMAN

'Saoil cò tha fuireach thall an 'Cùl a' Chnuic' — an tè ud à Dùn Èideann a ghabh nòisean uabhasach dhìot. Dè an t-ainm a bh' oirre? Teresa, am b' e? Tha i an seo fad na seachdain, i fhèin 's an teaghlach'.

Thàinig deàrrsadh na aodann ach cha do mhothaich a phiuthar dha 's i na màl a' sgioblachadh mun chidsin. Feumaidh gun robh cola-deug ann bhon a thòisich e air òl an turas seo agus cha robh e air truinnsair a nighe bhon uair sin. Teresa? Cha dèanadh e dearmad oirrese, air a guth no air a gàire. Sheall e an t-àite dhi — thug e suas dhan Rubha i agus sios dhan Chaisteal, agus thug e dhachaigh i ach an coinnicheadh i ri a mhàthair agus a pheathraichean. Shuidheadh iad còmhla sa chàr an samhradh ud, a làmh mu guailnean, is na h-eileanan nan laighe fodhpa air a' mhuir dhrillseanaich. Bha iad air an dòigh.

'Ghabh i brath ort, an dearbh thè. 'S e cùis-nàire a bh' ann mar a dhèilig i leatsa.'

‘Mi fhìn bu choireach. Cha bu chòir dhomh a bhith air dhol ga faicinn. Sibhse a chuir ceàrr mi!’

‘Cuiridh mi geall gun robh i air coinneachadh ris an fhear a bha i dol a phòsadh mus do thòisich i a’ falbh leatsa’.

‘Och, nach ist thu! Cha bu chòir dhomh a bhith air nochdadh mar siud aig an doras aice’.

Cha robh dùil aige a faicinn a-rithist, ach an uair sin ràinig a’ chairt-phuist le x bheag fo h-ainm. Bha Niall gu bhith a’ toirt nan giomach sios taobh Manchester agus thuir a pheathraichean gun robh e an dàn dha lioft a ghabhail còmhla ris. ‘Thalla’, arsa iadsan, ‘thoir *surprise* dhi’. Chuir a mhàthair an gruth aice fhèin na mhàileid dhi.

Chuimhnich e air a’ bhus a’ fàgail meadhan a’ bhaile air a chùlaibh is a’ tighinn gu sràidean duilleagach le callaidean agus gàrraidhean àrda. Dh’eigh an dràibhear ris agus theàrnaich e. Choisich e sios cabhsairean fliucha, seachad air geataichean iarainn agus rathaidean a’ dol suas gu taighean mòra. Lorg e an àireamh aice air dà cholbh. Bha solas a’ sruthadh thar na faiche. Chaidh e mun cuairt gu doras glainne, leig e a’ mhàileid sios, chuir e na flùraichean air a muin agus thog e a làmh ... Chuala e còmhradh sgairteil agus gleadhraich dhaoine ag ithe. Nochd i gu h-obann is leòsan na làmhnan air an robh bobhlaichean criostail. Chàirich i ri taobh an t-sinc e. Bha i a’ seinn agus bha a h-apan a’ leantainn ri cruinnead a cuirp. Ghnog e. Dh’fhosgail an doras agus sguir an t-seinn. Thionndaidh i agus dhùin i doras eile dhan rùm às an robh na guthan a’ tighinn. Chluinneadh tu boinnean an uisge a’ tuiteam far nam flùraichean chun an làir. ‘Chan fhaod thu seo a dhèanamh orm,’ chagair i, ‘dìreach a bhith a’ nochdadh gun chead gun rabhadh’. Chunnaic e biorgadh na sùilean.

‘Agus bha agad ri fortan a phàigheadh airson an taigh-òsta’, lean a phiuthar oirre, ‘às dèidh do Mhamaidh fàilte is furan a chur oirre-se an seo. Am faca tu idir às dèidh sin i?’


Dh’iarr i air coinneachadh rithe ann an Henderson’s làrna-mhàireach, rud nach robh furasta dha às dèidh na steall a ghabh e an oidhche ud. B’ ann an sin a chuir e uimhreachd air an daoimean air a làimh mun chupa. Ciamar a bha e air a bhith cho bragail, cho cinnteach gum biodh cùisean mar a bha iad? Choimhead e air a chrògan cnapach fhèin. Amadan! Àidh, chòrd an oidhche glan ris. Abair baile brèagha! Rose Street — abair àite cunnartach! Thachair e ri eileanaich eile ann — sin agad na Gàidheil air allaban, thuir e, ‘s e a’ feuchainn ri bhith aotrom. Bu mhithich dhi falbh. Dh’èirich i bhon bhòrd. ‘Math d’ fhaicinn a-rithist. Turas math!’ agus thairg

“

Dh’iarr i air coinneachadh rithe an Henderson’s làrna-mhàireach, rud nach robh furasta dha às dèidh na steall a ghabh e an oidhche ud.

— AN SAMHRADH UD

MEG BATEMAN



i a gruaidh dha. Bha i air pàigheadh airson a' chofaidh mus b' urrainn dha stad a chur oirre, agus b' e sin an sealladh mu dheireadh a chunnaic e dhith, na dorsan dùbailte len làmhnan pràise a' dùnadh air a cùlaibh.

'Ghabh i brath ort — bha thu nad neach-iùil saor an asgaidh dhi an seo ach cha thogadh i corrag dhutsa sa bhaile mhòr. Fèineil fèineil, sin mo bharail-sa.'

B' e gnothach air bheag stà a bh' ann a bhith ag argamaid ri a phiuthair, agus cha b' e sin a bha e ag iarraidh co-dhiù: bha e taingeil dhi airson an t-àite a sgioblachadh agus airson dhol dhan bhùthaidh dha. Cha robh sin an comas dhàsan san staid seo.

'Droch theans gun tig i gad fhaicinn an turas seo agus an duine aice agus a' chlann na cois.'

"Tha clann aice a-nist? 'S cinnteach gun d' rinn i deagh mhàthair.'

'Carson nach can thu dad na h-aghaidh? Ma nochdas i an seo, bheir mise dhi e!'

'Bha i ro mhath dhòmhsa, Iseabail'. Smèid e a dh'ionnsaigh nam bagaichean de bhotail agus de chanastairean falamh a bha a phiuthar a' dol a dh'ath-chuartachadh. 'Chaidh mi bhuaithe, fhios agad'. Ach cha b' e sin e uile-gu-lèir.

'Bha thusa ro mhath dhìse. Carson nach fhaic thu e: dhìse, cha robh annad ach a *bit of rough!*'

Ach bha e toilichte gun robh i air ais. Ciamar a dh'innseadh e dha phiuthair gum b' e sin an samhradh a b' fheàrr na bheatha, fada mus do chaochail Mam agus mus do thòisich a h-uile sion a' dol a dholaidh? Bha a' chairt-phuist fhathast san drathair shuas an staidhre. Bhiodh ise a' smaoinichadh airsan cuideachd. Dh'aithnicheadh i am bad far am pàirceadh iad air an Àirde. Chuimhnichheadh i air dol fodha na grèine agus èirigh na grèine agus mar a bhiodh i a' sliobadh gaoisid a ruighe. Chòrd an sgoltadh na smiogaidean rithe agus a' Ghàidhlig aige agus a' ghàirdeanan cruaidhe. Mar mhaide on t-sruthladh, chanadh i. Ciamar a dh'innseadh e dha phiuthair gum b' ise an aon nighean a phòg e a-riamh? Gum b' e Teresa a shamhradh-san?

COMHARRAIDHEAN EARRAICH

MORAG LAW

DREACH A-MHÀIN

Air an treas latha bha an jet-lag a' crìonadh agus cha robh ceann Sandie buileach cho trom. Dh'èirich i mus deach Mam a-mach a dh'obair agus shuidh iad còmhla ri taobh uinneag a' chidsin ag òl cofaidh agus ag ithe tost loisgte. Bha an gàrradh làn de chròchan buidhe agus purpaidh agus bha druideagan a' tarraing bhoiteagan às an talamh.

"A bheil beachd agad dè tha thu a' dol a dhèanamh an-diugh?"

Bha Sandie a' faireachdainn gun robh a màthair a' dol a dh'iarraidh oirre rudeigin sònraichte a dhèanamh — fàbhar air choreigin.

"Oir mura h-eil ... bhiodh e uabhasach snog dhan fheadhainn bheaga nan tigeadh tu dhan sgoil feasgar — 's dòcha gum biodh cothrom ann an giotàr agad a chluich agus òran no dhà a ghabhail? Tha am feasgar mu dheireadh den teirm daonnan cianail fada dhaibh — ach bidh sinn a' sgar beagan nas tràithe agus dh'fhaodadh tu lioft dhachaigh a thoirt dhòmhsa. Dh'fhaodadh tu innse dhaibh mu Ameireaga cuideachd — tha na dealbhan snog ud à Disney World agad."